

ÙIREAN NAN CROITEAN

Ùirean eadar-dhealaichte

Thoir sùil air cuid de na h-ùirean as cumanta anns na sgìrean croitearachd ann an Alba, agus cuideachd air a dhà nach eil ach ann am pàirtean den dùthaich, agus air mar bhios croitearan a' cleachdadh agus a' manaidseadh nan ùirean sin.

Ann an sgìrean croitearachd na h-Alba tha a' ghnàth-shìde fionnar agus mar as trice fliuch, agus tha seo math airson ùirean mòna. Chuidich seann choilltean gus ùir talamh donn a chruthachadh; bidh eadar-sgaoileadh agus lidseadh (sioladh air falbh) ann an suidheachadh fliuch, searbhagach a' cruthachadh phodzolan, agus ged a tha na coilltean gu tric air falbh a-nis, bidh an ùir a' fuireach na podzolan. Nuair a lìonas ùir le uisge, faodaidh i a dhol na h-ùir gley. Ann an sgìrean cladaich uaireannan 's e ùir a chaidh a chruthachadh air gainmheach na tràghad a th' aig croitean; canar Machair ri seo. Bidh an stuth tùsail a' toirt buaidh air an t-seòrsa ùire, agus ann an grunn sgìrean bidh creagan serpentinite a' cruthachadh ùir thearc ris an canar ùir serpentinite. Bidh podzolan air an cruthachadh air sgàth eadar-sgaoileadh agus sioladh ann an suidheachadh fliuch, searbhagach... ùir thearc agus canaidh sinn gu bheil i sin serpentinite.

1 Mòine

Bidh mòine ga cruthachadh ann an suidheachaidhean glè fhliuch far am bi duilleagan, geugan agus freumhan lusan a' bàsachadh agus a' grodadh gu slaodach. Am bitheantas bidh mu 1mm de mhòine ga cruthachadh sa bhliadhna; tha i fliuch agus glè shearbhagach agus mar sin chan urrainn fàs ach lusan a tha air am freagrachd ris an t-suidheachadh seo.

Ged nach eil i gu mòran feum airson àiteachas, tha i fhathast ga cleachdadh mar chonnadh (an dèidh dhi tioramachadh) agus faodar a cleachdadh gus barrachd stuth organaig a chur ann an ùir. Tha i fìor mhath airson carbon a stòradh agus tha bith-iomadachd luachmhor innte.

AN ROBH FIOS FIOS AGAD?

'S e goireas cudromach a tha ann am mòine gus Alba a chuideachadh ann a bhith a' strì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha i a' gleidheadh carbon a thàinig bhon charbon dà-ogsaid a leig còinneach agus lusan eile mu sgaol dhan àile. Tha am pròiseas sin air a bhith a' dol air adhart bhon linn deighe mu dheireadh, agus mar sin, tha sinn a' bruidhinn air tòrr carbon!

Hi! 'S mise Montaidh



2 Talamh donn

Mar a shaoileadh tu bho na h-ainmean aca, tha dath làidir donn air ùirean talamh donn, ach an rud a tha cudromach, tha iad nas torraiche. Tha iad nas bitheanta air an taobh sear far a bheil i nas nas tioraime agus nas blàithe.

Bidh talamh donn ga chruthachadh air stuth tùsail beairteach anns a bheil cothromachadh math de dh' eileamaidean mar calcium agus aluiminium a nì ùir pH neodrach no alcaileach. Is fheàrr le boiteagan àrainneachd mar seo agus mar sin bidh stuth organaig agus mèinnearan san ùir air am measgachadh gu math ann an dòigh nàdarra.

Canar cuideachd ùirean coille dhonn ri talamh donn agus faodaidh craobhan le duilleagan leathann, mar darach, fàs an seo. Tha iad furasta an obrachadh agus math airson àiteachas. Tha iad rim faighinn anns na sgìrean croitearachd, le raointean mòra ann an Cataibh an Ear, Gallaibh agus Arcaibh, far a bheil iad nan talamh ionaltraidh math.

Hi! 'S mise Ruagan



3 Podzol

Ma tha stuth organaig san fhilleadh uachdrach de dh' ùir agus fo seo tha an ùir mheinneireach nas tioraime agus a' drèanadh gu math gu nàdarra, tha e coltach gum faigh thu podzol mònach.

Bidh podzolan gan cruthachadh ann an àitean a tha air an còmhach le craobhan no uaireannan fraoch agus thairis air ùine, bidh an t-uisge a tha a' drèanadh tromhpa a' toirt cuid de na ceimigean a-nuas bhon mhullach dhan bhonn. Bidh seo a' fàgail dath agus dèanamh mar luath ann am fillleadh B.

Ann an sgìrean nas ìsle agus air bruaichean nach eil ro chas, tha iad air an àiteach, ged a tha iad feumach air aol agus tothar gus am pH àrdachadh agus gus beathachadh gu leòr a chur anna airson bàrr fhàs.

Hi! 'S mise Fraochag



4 Gley

Nuair a dh'fhàsas ùir cuimseach tioram gun mhòine bog, fad na h-ùine no bho àm gu àm, faodaidh i fàs 'gley'. Tha seo a' ciallachadh gu bheil beàrran-èadhair san ùir air an lìonadh le uisge agus mar sin, thairis air ùine cleachdaidh bitheagan a tha beò san ùir an t-ogsaidean gu lèir agus nì seo an talamh caran gorm-ghlas. Ma thèid an ùir a nochdadh don èadhar a-rithist, tillidh an t-ogsaidean, agus mar sin, an dath.

Ged a tha iad cho fliuch, tha cuid de na h-ùirean seo cuimseach torrach, agus mar sin is fhiach an drèanadh airson gun gabh an àiteach. Ann an Gallaibh agus Arcaibh tha raointean mòra de dh' ùirean 'gley' a chaidh an drèanadh agus tha ionaltradh math orra a-nis.

Hi! 'S mise Claude



5 Machair

Tha Machair a' ciallachadh raon ìosal; gu tric tha e air a chleachdadh airson talamh còmhnard air cùlaibh choilleagan faisg air a' mhuir.

Tha na coilleagan air an dèanamh de chlach-èiteig agus gainmheach shligean mara, agus nuair a thèid na sligean a bhriseadh, leigidh iad calcium mu sgaol. Nì seo stuth tùsail làn calcium a tha alcaileach, math air drèanadh, agus glè thorrach.

Ann an sgìre far a bheil a' mhòr-chuid de dh' ùirean searbhagach, mòineach, 's e seo pìos beag de dh' ùir thorrach le pH nas àirde a tha freagarrach gus bàrr fhàs agus ionaltradh math a thoirt do chrodh 's do chaoraich sa gheamhradh. 'S e seo a tha a' fàgail Machair cho cudromach ann an croitearachd.

AN ROBH FIOS FIOS AGAD?

Ma choimheadas tu gu dlùth air gainmheach air Machair, chì thu gu bheil i air a dèanamh le billeanan de mheanbh-mhìrean sligean mara.

Bha na sligean sin slàn an toiseach, ach fad mìltean bhliadhnanachan tha iad air a bhith air an roilgeadh agus air am briseadh sa mhuir.

Hi! 'S mise Macan



6 Serpentine

Tha ùir annasach a tha aithnichte ann an sgìrean croitearachd air a cruthachadh bho chreagan làn den mhèinnear Serpentine.

Bidh tòrr eileamaidean mar niceal (Ni) agus cròmium (Cr) anns na creagan sin ach glè thric cha bhi mathachadh riatanach mar fosfor (P), naitridean (N) no potasium (K) anna.

Feumaidh coimhearsnachdan lusan atharrachadh gus a bhith beò anns an t-suidheachadh annasach seo agus bidh mosaic àraid de lusan a' fàs - fraoch air a chumail sìos leis a' ghaoith, agus feur a bhios ga chur gu feum airson ionaltradh.

Ma thèid tòrr tothair a chur ris gabhaidh an talamh seo a bhith air àiteach, ach tha e gu math nas freagarraiche do bheathaichean.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu charactaran na h-ùire agus an slàinte, faic www.hutton.ac.uk/learning/dirt-doctor